



6.D.

Z.B.

H.M. 166.

Sept. 1. 1879

Rare.







LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

C U M H A

DO

DH'IAIN DOMHNULLACH,

*Fear a' Gharbha-mhoir ann am Baideanach,
a chaochail s a' Bhliadhna 1830,*

LE

CAIPTEAN MAC-A-PHEARSAIN,
BHIALAID.

GLASGOW:

PRINTED BY A. SINCLAIR, 62 ARGYLE STREET.

M D C C C L V .

C U M H A , &c.

A RIGH ! gur diomain an saoghal,
'S ioma mealladh a's faoineis a th'ann,
Mar neul tana 's e 'caochladh,
Theid fhuadach 's a sgaoileadh 'na dheann,
Mar cheathach an aonaich
Air a sgapadh le gaoith bharr nam beann ;
'S ionann sin a's clann daoine,
Gun fhios thig an t-aog aig gach àm.

Fhuair mi sgeula 's bu shearbh e,
Chaidh mo léirsinn gu anannachd le bròn,
Gu'n d'eug fear a' Gharbha,
Mo chreach leir ! tha e dearbhta gu leoir ;
Ach ma chaidh thu air falbh uainn,
Ged a shiubhlainn leth Alb' agus corr,
Cha'n fhaic mi'n coinneamh n'an armait
Fear do bheusan, do dhealbh, a's do neoil.

Dhomhsa b'aithne do bheusan,
Bha thu ciùin mar ghath greine tré cheò ;
Bha thuascaoin na'm b' fheudar,
'S ann a'd' aodann a dh'eireadh an colg,
'S tu chaisgeadh an eucoir
'Sa sheasadh gu treun leis a' chòir,

A's cha ghabhadh tu déis-laimh
 Bho fhear a thug ceum ann am bròig.

Bu tu deadh fhear-an-tighe,
 'S ann a bhithheadh an caitheadh mu d' bhòrd ;
 Bu tu pòitear na dibhe,
 'Nuair a thàrladh dhuit uidhe 's tigh-òsd'.
 Bha thu fialaidh—'s bu dligheach,
 Bha thu shiolach nan cridheachan mòr,
 A'd' cheann riaghailt air buidheann,
 'S ann bha chiall ann am bruidhinn do bheòil.

Bu tu sealgair a mhunaidh,
 'S ro mhaith dhìreadh tu mullach nan sròn ;
 Le do chuilbheir 's maith cuma',
 'S tric a leag thu air uilinn fear-cròic' ;
 'S an àm dol air thuras,
 B'e do mhiann paidhir chuileanan borb ;
 Bu tu'n t-iasgair air buinne,
 Le do mhorbha géur, guineach a'd' dhorn.



Faodaidh 'n eilid 's an ruadh-bhoc,
 'S an damh mullaich, bhi uallach 'san fhrìth,
 Tha'm bradan tarra-gheal a' cluaineis
 Feadh shruthaibh a's chuartag gun sgìos ;
 Tha do mhial-choin a' bruadar
 Bhi sà' gharbhìlach a' ruagadh an fhéidh,
 Tha na h-armaibh fo ruadh-mheirg,
 'S lamh g'an dearbhadh 'san uaigh 'o cheann
 [tiom.

'S ann bha'n aoidh ann a'd' aodann,
 'S tric a rinn thu rium faoilte, fhir-mhòir—
 'S tric a ghlac thu air laimh mi,
 'S bhiodh t' fhuran a's t' fhàilte 'na lorg.
 'S tric a rùisg mi mo bheachd riut
 'N uair bhiodh smuairean no airtneal ga m'
 'S chuireadh sùgradh do chnacais [leòn,
 Air chùl gach aon acaid bhiodh orm.

Gur a cruidh leam do chlann, a
 Bhi fo mhulad, fo champar, 's fo bhròn ;
 Dh' f halbh an taice 's iad fann deth
 O'n chaireadh do cheann-sa fo'n fhòid.
 Nam biodh éiridh sa' Cheapaich,
 'S gu'n éighte na gaisgich fo'n t-sròl ;
 Gu'n robh leus air a' bhrataich
 Fear cho treun 'sa bha ac' bhi fo'n fhòid.

Ach 'se tha mi ag acain
 Thu bhi nis anns an Lagan a' tàmh ;
 Air do dhùnadhbh fo leacan,
 'S nach dùisg thu 'sa'mhaduin bho d' phràmh.
 'S e mo dhiubhail mar thachair
 Thu bhi 'san ùir an tasgaidh a' cnàmh ;
 Fhir mo rùin a bha smachdail,
 Nach do chuir cùl'aobh ri caraid no nàmh.



